

Làithean-Saora na Nollaig 2017

Dùbhlán Matamaig an Leas Phrìomh Mhinistear



The Scottish
Mathematical
Council




Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot


Tòimhseachan 1 – 12 Là na Nollaig




Air a' chiad là den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, Cearc-thomain ann an craobh-peur.




Air an dàrna là den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, 2 Chalman.




Air an treas là den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, 3 Cearcan Frangach.



Air a' cheathramh là den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, 4 Eòin a' Seinn.



Air a' chòigeamh là den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, 5 Fàinneachan Òir.



Air an t-siathamh là den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, 6 Geòidh a' breith.



Air an t-seachdamh là den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, 7 Ealachan a' Snàmh.



Air an ochdamh là den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, 8 Banaraichean a' Bleoghainn.



Air an naoitheamh là den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, 9 Mnàthan a' Dannsa.



Air an deicheamh là den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, 10 Morairean a' Leum.



Air an aonamh là deug den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, 11 Piobairean a' Piobaireachd.



Air an dàrna là deug den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, 12 Drumairean a' Drumaireachd.

Gach là tha na tiodhlacan bho na làithean eile air an cuir ris, **mar eisimpleir:** 'Air an t-seachdamh là den Nollaig chuir m' eudail thugam fhìn, 7 Ealachan a' Snàmh, 6 Geòidh a' Breith, 5 Fàinneachan Òir, 4 Eòin a' Seinn, 3 Cearcan Frangach, 2 Chalman agus Cearc-thomain ann an Craobh Peur'.

Ceist:

1. Cia mhead tiodhlac a gheibh mi air an dàrna là deug den Nollaig?

Freagairt:

2. Cia mhead tiodhlac a gheibh mi air fad thairis air an dà là deug?

Freagairt:

Cuideachadh:

Air là 3, bidh mi air

$$1 \text{ (là 1)} + 1+2 \text{ (là 2)} + 1+2+3 \text{ (là 3)} = 10 \text{ tiodhlacan fhaighinn.}$$

Tòimhseachan 2 - Sudoku na Nollaig

Lìon na bocsaichean - chan urrainn ach aon de gach dealbh a bhith anns gach colbh agus gach sreath.




			
			
			
			



Tòimhseachan 3 - Lìon na Buill




Lìon na buill a th' air a' chraobh 1, 2, 3, 4, 5, 6 airson 's gum bi an aon suim aig gach loidhne. (Cleachd gach àireamh aon uair.)



DÙBHLAN

Cleachd na h-àireamhan 1 gu 9 airson a' chraobh a lìonadh san aon dòigh. (Cuimhnich nach cleachd thu gach àireamh ach aon uair)





Tòimhseachan 4 - Sgeadachadh Bodach-Sneachda



Liosta-stuthan a' Bhodaich-sneachda



1 curran
(sròn)



2 bhioran
(gàirdeanan)



4 rèiseidean
(beul)



5 putain
(sùilean agus còta)

Ceist:

Tha 12 currain, 25 biorain, 45 rèiseidean agus 65 putain aig Ben.
Cia mheud bodach-sneachda a nì e le na stuthan seo?

Freagairt:



DÙBHLAN

Tha Ruby a' tighinn agus a' cur-ris na stuthan aig Ben 100 putain, 19 currain, 65 rèiseidean agus 48 biorain. Cia mheud bodach-sneachda a bharrachd a nì iad a-nis?

Freagairt:

Cuideachadh:

Feumaidh 1 bhodach-sneachda 1 curran, 2 bhioran, 4 rèiseidean agus 5 putain gu h-iomlan.

Feumaidh 2 bhodach-sneachda 2 curran, 4 biorain, 8 rèiseidean agus 10 putain gu h-iomlan.

(Bidh stuthan air fhàgail aig an deireadh)



Tòimhseachan 5 - 20 Tiodhlac

1. Geàrr a-mach na 20 tiodhlacan gu h-ìosal.
2. Lorg cuideigin a chluicheas còmhla riut.
3. Tha Neach-cluiche 1 a' toirt air falbh aon, dha no trì tiodhlacan.
4. Tha Neach-cluiche 2 a' toirt air falbh aon, dha no trì tiodhlacan..
5. Tha Neach-cluiche 3 a' dol a-rithist. Cumaibh oirbh a' gabhail cuairt às deidh cuairt.
6. Tha an neach-cluiche a tha a' togail an tiodhlac mu dheireadh a' buannachadh a' gheama agus na tiodhlacan UILE.

A bheil pàtrain sam bith ann?

A bheil ro-innleachd ann a bhunnacheas gach uair?

De thachradh nan robh barrachd tiodhlacan ann?

Am biodh ro-innleachd buannachadh ann nan robh barrachd thiodhlacan ann?





Air a thoirt seachad do sgoilearan clas 6 ann an Alba airson spòrs matamataig leis an teaghlach aig làithean-saora na Nollaig.

Air a leasachadh le Riaghaltas na h-Alba, Comhairle Matamataig na h-Alba agus Foghlam Alba.

Thèid na freagairtean agus dòighean-obrach fhoillseachadh aig www.blogs.gov.scot/making-maths-count air 4 Faoilleach 2018.

Pàrantan agus luchd-cùraim

Thèid gu Parentzone Alba aig www.education.gov.scot/parentzone airson dòighean eile taic a thoirt do chlan san dachaigh le àireamhachd.

